

B1

F I C E

FRÈAM IOMRAIDH CUMANTA EÒRPACH

Leughadh | Reading

25 PUINGEAN | 25 POINTS [25%]



1. Ceist a h-Aon | Question One

[3 PUINGEAN]

Cuir a-steach an litir cheart (A-F) anns gach beàrn gus crìoch a chur air a' chòmhradh.

Put the correct letter (A-F) in each space to complete the conversation.

Luc: Tapadh leatsa. Tha e doirbh a h-uile rud a dhèanamh leam fhìn.

Mìcheal: Ciamar a tha a' dol dhut leis an taisbeanadh agad?

Luc: _____

Mìcheal: A bheil cuspair no ainm agad fhathast?

Luc: 'S e *Muir is Tìr* an t-ainm a bhios air - a' ghnàth-shìde tro shùil camara.

Mìcheal: Carson a thagh thu an cuspair sin?

Luc: Thagh mi e a chionn 's gu bheil ùidh agam fhìn ann. Agus air sàillibh 's gu bheil mi an dòchas gun toir e air daoine smaoineachadh mun àrainneachd. Tha a' chùis a' dol am miosad.

Mìcheal: _____

Luc: Air sgàth 's nach eil e a' dèanamh dragh dhaibh gu pearsanta. No, air eagal 's gum feum iad na droch chleachdaidhean aca atharrachadh. Chan eil diù a' choin aig tòrr dhaoine mun àrainneachd. Bidh greis ann mus tèid a' chùis am feabhas.

Mìcheal: _____

Luc: Tha cuid de rudan ann a tha gu math beag ach ma nì sinn uile iad... Nì clachan beaga càrn mòr! Cleachd còmh-dhail phoblach. No, cleachd baidhseagal, no do dhà chois.

Mìcheal: Tha sin nas fhasa do chuid na tha e do chuid eile ge-tà.

Luc: Ith nas lugha de dh'fheòil agus ith barrachd glasaich – tha sin nas fhasa.

Mìcheal: _____

Luc: Air sgàth 's gu bheil crodh agus todhar a' cruthachadh ghasaichean nach eil math dhan àrainneachd.

Mìcheal: Tha iad cuideachd ag iarraidh oirnn biadh ithe a chaidh fhàs no àrach faisg oirnn. Carson a bhiodh sin na bhuannachd dhan àrainneachd?

Luc: _____

Mìcheal: Tha barrachd dhaoine a' gabhail ùidh ann a bhith a' fàs an glasaich fhèin agus tha fios gu bheil sin math.

Luc: Bhiodh e na b' fheàrr nam biodh barrachd dhaoine a' dèanamh sin. Feumaidh sinn smaoineachadh air ar dòigh-beatha atharrachadh agus 's e rud mòr, mòr a tha sin dhuinn uile.

Mìcheal: Tha aon rud cinnteach.

Luc: Dè?

Mìcheal: _____

- A.** Tha sinn a' cleachdadh nas lugha de phlastaig, nach eil? Agus ag ath-chuairteachadh gu ìre nas motha.
- B.** Ged a tha e a' dol am miosad, tha cuid coma. Chan eil mi a' tuigsinn carson nach eil iad fiù 's a creidsinn ann am blàthachadh na cruinne.
- C.** Bidh thusa math air ceistean a fhreagairt aig an taisbeanadh agad.
- D.** Nan tachradh sin, chan fheumadh am biadh siubhal o thaobh eile an t-saoghail, a' cosg connadh agus a' truailleadh.
- E.** Tha mi air toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh. 'S e dealbhan dubh is geal a bhios ann, dealbhan camara agus bhidio.
- F.** Carson a bhiodh e feumail nas lugha feòil ithe?



 **Leugh** an earrann a leanas agus cuir a' Bheurla oirre.

Read the following passage and translate it into English.

Bhon 8mh linn bha na Lochlannaich a' riaghladh anns na h-Eileanan. Mean air mhean thàinig iad còmhla ris na Gàidheil a bha a' fuireach anns na h-Eileanan, is thog na Lochlannaich a' Ghàidhlig is phòs iad bana-Ghàidheil. 'S e na Gall- Ghàidheil a chanas sinn ris na daoine seo. Thòisich fear Somhairle nan Eilean (1100 gu 1164) a bhith a' gabhail smachd air na h-Eileanan agus stèidhich esan is a theaghlach Rìoghachd nan Eilean, nach robh fo smachd nan Lochlannach no Rìgh na h-Alba. Chaidh Clann Dòmhnail a ainmeachadh às dèidh ogha Shomhairle, Dòmhnall. Ann an 1438, fhuair Alasdair III nan Eilean Iarlachd Rois is an Eilein Sgitheanaich. Bha buaidh cho mòr aig Rìoghachd nan Eilean air cha mhòr an dàrna leth den dùthaich is gun do dh'èirich còmhstri is cath eadar na Stiùbhartach, Rìghrean na h-Alba, agus Rìoghachd nan Eilean. Cha b' urrainn ach aon Rìoghachd a bhith ann ann an Alba!

This image shows a single sheet of white paper with horizontal blue ruling lines. The lines are evenly spaced and run across the width of the page. There are no margins, text, or other markings on the paper.

Leugh  an aiste seo mu chamanachd:

Read this essay about shinty:

Tha dà dhiofar ainm aig a' gheama: camanachd no iomain. Canar gum bi luchd-cluiche ag iomain (a' greasadh [bàl] air adhart) le caman (bhon fhacal Gàidhlig cam – bhon a tha ceann cam air). Bidh an geama air a chluiche gu luath is feumaidh na cluicheadairean a bhith gaisgeil, oir tha camain cruaidh agus fuilingidh cluicheadairean gearraidhean, patan is cnàmhan briste glè thrìc.

Tha camanachd air a chluiche le caman is bàl air raon-cluiche mòr le lìon aig gach ceann dheth. Bidh i air a chluiche eadar sgiobaidhean de dhà-neach-deug. Tha e ceadaichte neach-cluiche a thoirt far an raoin is neach-ionaid a bhith a' gabhail àite a' chluicheadair sin. Is e amas gach geama: am bàl a chur dhan lìon aig a' bhuidheann eile nas trice na chuireas iadsan dhan fhear agaibhse e.

Aig aon àm bha iomain air a chluiche air feadh na h-Alba 's ann an ceann a tuath Shasainn, agus, fiù 's air feadh an t-saoghail far an robh Gàidheil nan eilthirich. Ach a-nis 's ann air a' Ghàidhealtachd as motha a tha i beò – ged a bhios geamannan cuideachd a' nochdadh air a' Ghalldachd.

Dh'èirich iomain Albannach bhon aon bhunait ris an iomain Èireannaich a bhathas a' cluiche airson barrachd air dà mhìle bliadhna. Ach tha na riaghailtean fhèin aig gach fear dhe na geamannan sin. Bidh geama ùr eadar-nàiseanta (cur ri chèile dhen dà sheòrsa riaghailtean aig iomain Albannach agus iomain Èireannach) a' tachairt gach bliadhna. Bidh Alba agus Èireann a' cathachadh an aghaidh a chèile.

Canaidh cuid gur e seòrsa de hocaidh a th' ann an iomain, ach, tha na riaghailtean aca gu math diofraichte bho chèile. Le iomain, faodaidh an neach-cluiche an dà thaobh dhen chaman a chleachdadh. Le hocaidh, chan fhaodar ach aon aghaidh a chleachdadh. Le iomain, faodaidh na cluicheadairean am bàl a bhualadh san athar. Ach le hocaidh, chan fhaodar sin a dhèanamh. Faodar cuideachd an caman a chleachdadh airson bacadh a chur air a' bhàl agus airson a bhith a' dol an sàs. Faodaidh an luchd-cluiche cuideachd am bodhaig a chleachdadh airson dol an sàs gualainn-ri-gualainn. Cha fhaod iad idir caman a bhreabadh sìos air caman neach eile ge-tà.

Tha am bàl dèanta de dh'àirc chruaidh, chruinn, le dà phìos leathair air am fuaigheal ri chèile airson còmhach math a dhèanamh dha. Bidh an caman beagan nas fhaide na meatair (a-rèir dè cho àrd 's a tha an cluicheadair) le ceann-bualaidh cam air. Eu-coltach ris an fhear Èireannach chan eil lann air a' chaman Ghàidhealach. Ma sheallas sinn air ceann a' ghob-bualaidh tha e na thriantan. 'S e fiodh a dh'fheumas a

bhith sa chaman: chan fhaodar meatailt a chleachdadh. Dèanta de dh'uinneann gu traidiseanta, bidh cuid gan dèanamh à hiogairidh an-diugh.

Tha grèim làidir aig iomain air cridheachan nam muinntir a tha ga leantainn. Ann an 1990 tuirt Am Pàipear Beag gum feumadh an neach mu dheireadh a dh'fhàgadh an t-Eilean Sgitheanach airson a dhol a choimhead air an sgioba aca sa chuairt dheireannaich dhen Chupa Chamanachd an solas a chur dheth nuair a dh'fhàgadh iad! Sin cho cudromach 's a bha e. An uair sin, bhuannaich an t-Eilean Sgitheanach an aghaidh Baile Ùr an t-Slèibhe! Nuair a thill iad dhachaigh thàinig mu 5,000 neach a-mach a chur fàilte orra (faisg air leth dhen àireamh-shluaigh a bh' aig an Eilean)!

Sgrìobh  - Freagair na ceistean a leanas mun aiste:

Answer the following questions about the essay:

1. Carson as e 'caman' an t-ainm air a' mhaide ris am bithear a' cluiche iomain?

2. Cia mheud neach a bhios a' cluiche air sgioba iomain?

☐ a) 11.

☐ b) 12.

☐ c) 15.

3. Dè an t-amas aig gach sgioba ann an geama iomain?

4. Ciamar a tha camanachd eadar-dhealaichte bho hocaiddh?

5. Dè seòrsa fiodha a bhite a' cleachdadh gu traidiseanta airson caman a dhèanamh agus dè nach fhaodar a chleachdadh?

6. Ciamar a tha an t-ùghdar a' dearbhadh gu bheil grèim làidir aig iomain air a luchd-leantainn?
